

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR AN TUILLEADH TAIC BHON RIAGHALTAS AIRSON FOGHLAM GÀIDHLIG

04 An t-Sultain 2009

Bidh barrachd cothroman ann do phàrantan an cuid chloinne a chur gu sgoiltean Gàidhlig, le goireasan nas fheàrr, tro thaic airgid a tha an Riaghaltas a' cur gu sgoiltean Gàidhlig bho Stòras Calpa nan Sgoiltean Gàidhlig.

Chuir Bòrd na Gàidhlig fàilte air an naidheachd a chaidh fhoillseachadh nas tràithe an diugh le Ministear na Gàidhlig Mìcheil Russell gu bheil Comhairle Baile Ghlaschu air £500,000 fhaighinn ach an leasaichear Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, far a bheil àireamh chloinne air a bhith a' sìor dhol an àird anns na bliadhnaichean as tràithe. Thèid an t-airgead a chosg air clasaichean ùrachadh.

Thuirte Cathraiche a' Bhùird, Art MacCarraig: “Tha Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu air bhith air leth soirbheachail agus tha Comhairle Baile Ghlaschu agus a' bhuidheann taice Comann nam Pàrant Glaschu rim moladh airson na rinneadh chun na h-ìre seo. Tha an àireamh chloinne anns an sgoil nis a' dearbhadh gum faodaiste an dàrna sgoil a chur air adhart anns a' bhaile. Tha e fìor chudromach gu bheil comhairlean eile mothachail air na th' air a bhith a' tachairt an seo, gun aithnich iad far a bheil iarrtasan a' nochdadh agus gun gluais iad son sin a choileanadh. Bu chòir a bhith mothachail cuideachd air na rinneadh le na pàrantan fhèin ann an Glaschu, agus tha sin air a bhith fìor chudromach an seo. Bu chòir do phàrantan eile air feadh na dùthcha misneach a ghabhail bhon adhartas seo agus a bhith cinnteach asta fhèin a' dol air adhart gu bhith an coluadar le ùghdarrasan ionadail ma tha iad airson leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig a chur air adhart anns na sgìrean agus coimhearsnachdan dham boin iad.

Tha Bòrd na Gàidhlig gu math cinnteach gu bheil feum air barrachd sgoiltean Gàidhlig ma tha sinn a' dol a chruthachadh ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha sinn air an aon ràmh ri Ministear na Gàidhlig mun sin. Tha sgoiltean Gàidhlig a' tairgse cothroman nas èifeachdaiche a bhith a' cur ri dòighean ionnsachaidh agus briathrachas a thogail agus a' tabhann barrachd cothroman cleachdaidh. Bu mhath le Bòrd na Gàidhlig gum biodh barrachd ùghdarrasan ionadail air feadh Alba mothachail air an iarrtas a th' ann airson sgoiltean Gàidhlig leis an amas a bhith againn uile a bhith a' toirt barrachd cothroman do dhaoine a bhith nam pàirt dhen leasachadh.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Tha am Ministear cuideachd air ainmeachadh gum bi Comhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid a' faighinn taic airgid £150,000 airson foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart anns an sgìre aca fhèin. Thèid an t-airgead seo a chosg air togalach aig bun sgoil Bhogha Mòr ann an Ìle far a bheil barrachd iarrtais air nochdadh measg chloinne anns na bliadhnaichean as tràithe.

Thuir Mgr MacCarraig: “Tha am Bòrd a’ cur fàilte chridheil air an naidheachd seo cuideachd a bheir an cothrom do Chomhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid cur ri na tha a’ tachairt ann am Bogha Mòr. Bidh sinn an dòchas gun cuir seo ris a ghluasad agus gun tig barrachd iarrtasan ’na lùib. Tha fàs anns an t-struth chloinne air leth cudromach ma tha sinn a’ dol a bhuinnig ginealach ùr de dh’òigridh a tha fileanta ann an Gàidhlig.

Tha sinn an dòchas gu bheil an dòigh anns a bheil an Riaghaltas a’ stiùireadh airgead calpa gu bhith a’ leasachadh sgoiltean Gàidhlig ’na mhisneach do phàrantan agus gum bi iad deònach gluasad air adhart le iarrtasan gu ùghdarrasan ionadail air feadh na dùthcha airson leasachaidheann ann an Gàidhlig, agus sgoiltean Gàidhlig gu sònraichte, anns na coimhearsnachdan aca fhèin. ’S e fìor dheagh naidheachd a tha seo do Ghlaschu, Ìle agus saoghal na Gàidhlig.”

Airson barrachd fiosrachaidh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu Uisdean MacIllInnein air 0751 528 7040.

Foillsichte: Dihaoine, Sultain 4, 2009 aig 1030hrs

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES FURTHER SCOTTISH GOVERNMENT COMMITMENT TO GAELIC EDUCATION

04 September 2009

An increase in school places and enhanced resources for Gaelic-medium education across Scotland through investment from the Gaelic Schools Capital Fund has been warmly welcomed by Bòrd na Gàidhlig.

Minister for Gaelic Michael Russell earlier today announced that Glasgow City Council will benefit from an allocation of £500k to increase provision in its area. The funding will be used to renovate classrooms in Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, the Glasgow Gaelic School, which has seen increased demand for places in Primary 1 and early years.

Bòrd Chairman Arthur Cormack said: “Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu has been an outstanding success story and both Glasgow City Council and the parental support group Comann nam Pàrant Glaschu are to be congratulated on this. The school roll has grown to the point where it is feasible for a second Gaelic school to be established in Glasgow. It is important for other local authorities to learn from this success, recognise that the demand exists, and act accordingly. The role of parents in making Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu such a success should not be underestimated, and parents across the country should have the confidence to engage with their local authority to secure improved Gaelic provision, and perhaps a standalone Gaelic school, in their own community.

Bòrd na Gàidhlig has made clear its view that more standalone Gaelic schools will be needed if we are to grow a new generation of Gaelic speakers. This view accords with Ministers’ new focus on ensuring this. Standalone schools offer significantly more opportunities to acquire a wider vocabulary and make greater use of Gaelic. Bòrd na Gàidhlig would like to see local authorities across Scotland address the needs of Gaelic medium education in their areas, with a view to further promoting its availability and expanding its reach.”

Mr Russell also announced that Argyll and Bute Council will benefit from an allocation of £150k to increase Gaelic provision in its area. The funding will go towards a new modular building which will be installed at Bowmore primary as a result of increased demand for early years places.

Arthur Cormack said: “Bòrd na Gàidhlig welcomes the allocation of capital funds to help Argyll & Bute Council expand Gaelic medium provision in Bowmore. Hopefully this will lead to increased demand for Gaelic medium places at primary school level in the years to

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



come. An increase in parents choosing a Gaelic education for their children is essential if we are to ensure that a new generation of Gaelic speakers emerges. The support of the Scottish Government in making capital funds available will, hopefully, lead to parents in all areas having the confidence to engage with their local authority with a view to securing a Gaelic school, or increased Gaelic provision, in their locality. All in all, this is great news for Glasgow and Argyll.”

For further information on the contents of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.

Issued: Friday, September 4, 2009 at 1030hrs